E. S. Murray April 1886

Blair. 359.

THE

CELTIC LYRE,

A COLLECTION OF GAELIC SONGS, WITH ENGLISH TRANSLATIONS.

By Fionn.

Part 1.—Price Sixpence.

MUSIC IN BOTH NOTATIONS.

THIRD THOUSAND.

EDINBURGH:
MACLACHLAN & STEWART.
GLASGOW: PORTEOUS BROTHERS, AND W. LOVE, ARGYLE STREET.
OBAN: DUNCAN CAMERON.
1885.

CONTENTS OF PART I.

Muile nam mór-bheann—Mull of the Bens, ... 1
A' ghruagach dhonn—Brown-haired Nymph, ... 2
A' chruinneag Ileach—The Islay Maiden, ... 3
Bìdh mi ga d' chaoidh—I'll sorrow for thee, ... 4
Mo rùn geal, dìleas—My faithful fair one, ... 5
Mo bheannachd ort, a Mhàiri—My blessings on thee, Mary, ... 6
Moladh na Landaidh—The Praise of Islay, ... 7
Tha mo rún air a' ghille—I dearly lo'e the laddie, ... 8
Gur moch rinn mi dùsgadh—I early awoke, ... 9
Gun chrodh gun aighean—The tocherless lass, ... 10
Fear a' bháta—The boatman, ... 11
An rìbhinn honn—The auburn maid, ... 12
Tuireach—Lament, ... 13
Oran Mulaid—A song of grief, ... 14
Dealachadh leannain—A lover's parting, ... 15
Is toigh leam a' Ghaidhealtachd—I love the Highlands, ... 16
An rìbhinn áluinn—The charming maiden, ... 17
Mo nighean chruinn, donn—My neat auburn Maid, ... 18
A' Chuairt-Shamhraidh—The Summer Ramble, ... 19
Seònaid a chùil réidh—Jessie I loved well, ... 20

CONTENTS OF PART II.

Leis an Lurgainn—With the Lurgainn.
Soiridh !—Farewell !
Clachan Ghlinn-da-ruail—Clachan Glen-da-ruel.
An Gaidheal 's a leannan—The Gael and his sweetheart.
Gur trom, trom mo cheum—Heavy-hearted I mourn.
G'àite 'n caidil an rìbhinn ?—Where sleepest thon, my dearie ?
Mo nighean donn, bhòidheach—My brown-haired maiden.
Dùthaich nan craobh—The land of the trees.
Màiri bhòidheach—Pretty Mary.
Am fleasgach donn—The brown-haired lad.
Soiridh slàn le Fionn-airidh—Farewell to Fiunary !
Dh' fhalbh mo leannan fhéin !—My own dear one's gone !
An-t-Eilean Muileach—The Isle of Mull.
An cluinn thu 'leannain !—O hear me, love, hear me !
Mo chailin donn, òg—My bonnie brown maid
Allt-an-t-siùcair—The Sugar-brook.

THE

CELTIC LYRE,

A COLLECTION OF GAELIC SONGS, WITH ENGLISH TRANSLATIONS.

By Fionn.

Part 1.—Price Sixpence.

MUSIC IN BOTH NOTATIONS.

THIRD THOUSAND.

EDINBURGH:
MACLACHLAN & STEWART.
Glasgow: Porteous Brothers, and W. Love, Argyle Street.
Oban: Duncan Cameron.
1885.

30 MY
1968

PREFACE.

IN issuing the CELTIC LYRE, I have been actuated by a desire to place in the hands of my fellow-countrymen a choice selection of their songs and melodies. The peculiarities of Gaelic rhyme have rendered it impossible to give translations in all cases, but the English words supplied will be found to be in sympathy with the spirit of the original, and may be of service to those who are unable to sing the Gaelic words. To such as would wish that the melodies had been arranged for the pianoforte, I may state that a simple pedal bass, which any player can supply, is the most effective accompaniment to our sweet Highland airs, for they

> "Need not the aid of foreign ornament,
> But are, when unadorn'd, adorn'd the most."

I have to thank those who have permitted me to make use of their translations in this work.

FIONN.

THE CELTIC LYRE.

1.—MUILE NAM MOR-BHEANN—MULL OF THE BENS.

KEY B♭.—*Moderato, with feeling.*



: s, | d : -.t,: l, | s, : - : s, | m : - : m | m : r : m | r : d : l, | d : - : m | r : - : d | l, : s,

SEISD. Bho'n | tha mi gun sunnd, 's gur | dùth dhomh mulad, Cha | tog mi mo shùil ri | sùgradh tuille;

Chorus. I'm lone - ly and sad, for thee I'm weeping; The joys once belov'd no more I'm seeking;



: m, | s, : l, : s, | m : - : f | s : - : m | r : d : r | m : r : d | l, : d : l, | s,: -: - | s,: - ||

Cha | téid mi le mùirn gu | cùirt nan cruinneag, 'S mo | rùn am Muile nam | mòr-bheann.

The heart once a - glow is cold - ly beating, And far from thy greeting I lauguish.

Am Muile nan craobh tha 'mhaighdean bhanail,
D' an tug mi mo ghaol 's mi faoin 'am bharail;
'S ma chaidh e fo sgaoil 's nach faod mi 'faighinn
Cha taobh mi caileagan Chòmhail.

Do shlios mar an fhaoilean, taobh na mara,
Do ghruaidh mar an caorann, sgaoilt' air mheangan;
Sùil ghorm a's glan aoidh, fo chaoin-rosg tana—
'S tu 'n òigh a mhealladh gach òigear.

Tha smuaine no dhà an dràsd air m' aire;
Cha 'n innis mi 'chàch ceann-fàth mo ghalair;
Ged laidheas mi tràth, cha tàmh dhomh cadal,
'S do ghràdh ga m' sgaradh an còmhnuidh.

Do chùl mar an lion 'n a mhìle camag,
Nach greannach fo chìr 'us siod' ga cheangal;
Do dhéud mar na dìsnean, dìonach, daingean;
Béul binn a ghabhail nan òran.

In Mull of the Bens there dwells my treasure,
The maiden I loved beyond all measure;
If she wont be mine, then farewell pleasure,
I'll pine in sorrow and anguish.

Thy breast with the sea-gull vies in whiteness;
Thy lips are like rowans, red with ripeness;
Thine eyes are like jewels, full of brightness,—
Thy heart is as light as a fairy's.

This maiden of mine is tall and slender,
With musical voice so sweet and tender;
Her beauty and grace I'll ere remember—
May Heaven defend her from danger.

So far from my dear, I'm sad and weary;
Alone must I pine! my thoughts are dreary;
One smile from that maid would raise and cheer me;
O, would I were near thee, my fairest!

This song, which will be found complete in several collections of Gaelic poetry, is the composition of DUNCAN LIVINGSTONE, Crogan, Mull *(Donnachadh nam blàr).*

2.—'GHRUAGACH DHONN—BROWN-HAIRED NYMPH.

KEY B♭.—*With spirit.*



:l, .,l, | d .,d :s, .,m, | s, :d .,t, | l, .,l, :d .,r | m
'Ghruagach | dhonn a' bhroilich | bhàin, 'Chum do | chòdhail rium Di - | màirt,
Lovely nymph with face so fair, Bosom white and waving hair,



:s .,m | r .,d :r .,m | s, :l, .,d | m .,d :r .,d | l,
'Ghruagach | dhonn a' bhroilich | bhàin, Gu ma | slàn a chì mi | thu.
Brown-haired nymph so kind and fair, Joy for e'er; I pray for thee.

'Ghruagach dhonn gun ghò, gun fhoill,
Chum a' choinneamh rium an raoir,
Bha mi còmhradh riut 's a' choill,
Sinn an caoimhneas diomhaireach.
'Ghruagach dhonn, &c.

Rinn mi coinneamh riut glé òg,
Ann an coille dhlùth nan cnò,
Bhithinn 'g éisdeachd ri do cheòl,
'S bha do phòg mar fhìgis leam.
'Ghruagach dhonn, &c.

Gu'n robh ise fallain, slàn,
Chum a' chòdhail rium Di-màirt,
Iarguin m' aigne 's m' airsneul phràmh,
'S mo chion-gràidh da-rìreadh thu.
'Ghruagach dhonn, &c.

Brown-haired nymph, so kind and free,
Yestereve I roamed with thee
Through the bonnie woods, where we
Used to be so gay, my dear.
Lovely nymph, &c.

Young were we when first we strayed
Through the pleasant wooded glade,
Where, beneath the hazel shade,
My dear maid so gaily sang.
Lovely nymph, &c.

Sweet as music in my ear
Was thy voice so low and clear;
Brown-haired maid, I loved thee, dear,
And my tears betray my love.
Lovely nymph, &c.

This Song will be found complete in the "ORANAICHE."

3.—A' CHRUINNEAG ILEACH—THE ISLAY MAIDEN.

KEY F.—*Moderato, with expression.*



.s, : s, .l, | d :d .d :r .m | s :l .s : s .m | d :d .d :r .m | l, : l,.

Och, och mar tha mi! 's mi nam aon - ar, Is cianail dh'fhàg thu mi'n déigh do chòmhradh;

Och, och mar tha mi! here so lone - ly, Despair has seized me and keeps his hold



.s, : s, .l, | d :d .d :r .m | s :l .t :d',.l | s :m .d :r .m | d :d.

Mo chreach's mo dhìbheil rach robh mi'n Ile, 'Smo chruinneag dhì - leas a dol a phòsadh.

Oh were I near thee in Islay on - ly, Before tho'st tak - en that man for gold.

Moch 's a'mhaduinn an àm dhomh dùsgadh
Shil mo shùilean 'us dh'fhàs mi brònach,
Mu'n sgeul a chualas air feadh an t-saoghail
Thu bhi ga d' ghlaodhaich, a ghaoil, Di-dòmhnuich.

'N uair bhios càch na'n cadal suaimhneach,
Bidh mise smuainteachadh ort an còmhnuidh,
Mar bhios an eala an déigh a bualadh;
'S e gaol na gruagaich a rinn mo leònadh.

Tha do shùilean mar na dearcan,
Tha do chneas mar chanach mòintich,
Do dhà ghruaidh cho dearg 's an caorann,
'S do mhala chaol mar ite 'n lòn-duibh.

Thug mi ùigh dhuit 'us chuir mi dùil annad,
Ged nach dùirichdeadh tu mo phòsadh;
Thug thu'n sliabh ort, 's cha b'fhiach leat m'
fhoighneachd
'S ri fear gun chaoimhneas gu'n rinn thu còrdadh.

This doleful morning, how sad the waking!
My eyes with tear-drops fast running over,
For old love leaving, and old vows breaking,—
Thy banns are called with that other lover.

When sleeping sweetly the rest are lying,
Wild dreams of anguish my mind is weaving;
I'm like the swan that drops wounded,—dying;
My love exhausts me with bitter grieving.

Alas! thy kind eye, so brightly shining;
Thy neck so comely, like canach blowing;
Those ebon eyebrows thy forehead lining;
Thy cheeks like berries or rowans glowing.

Since thou hast left me, and without warning,
Alas! and taken a man for gold!
Had I been by thee, false wisdom scorning,
Thyself, my dear one, thou hadst not sold.

Gaelic words old. Translation by the late THOMAS PATTISON, author of "GAELIC BARDS."

4.—BIDH MI GA D' CHAOIDH—I'LL SORROW FOR THEE.

KEY B♭.—*Moderato, beating twice in the measure.*



SEISD. { : l₁ | l₁ : s₁ : l₁ | m : -.r : d | d : r : d | d : t₁ : t₁ | t₁ : l₁ : l₁ | l₁ : s₁ : m₁ | r₁ :-.m₁: s₁ | s₁: -
Ho | ró gu'm bi mi gad' | chaoidh ri m' bheò, Ged | 'thréig thu mise cha | lugh-ad orm thu;
CHOR. Ah me, I will mourn my true love ever-more, If coldly for-sa-ken I still thee adore;



{ : s₁ | l₁ : t₁ : l₁ | l₁ : s₁ : l₁ | l₁ : s₁ : l₁ | d : - : r | m :-.s : m | m :-.r : d | r : d : t₁ | l₁ : - ||
Na 'n | tigeadh tu fhathast bu tu | m' aighear 's mo rùn, 'S na 'm | faighinn do litir gu'n | ruiginn thu nùnn. ||
If thou would'st return, 'twould be gladness to me; Or getting thy message, I'd hasten to thee.

Thoir an t-soraidh, ceud soraidh, thoir an t-soraidh so uam,
A nunn thun nam porta thar osnaich a' chuain,
Far an d' fhàg mi mo leannan, caol-mhala gun ghruaim,
'S gur cùbhraidh' leam d' anail na 'n caineal 'ga [bhuain.

'S 'n uair ràinig mi 'n cladach bha m' aigne fo phràmh
A' cumha na maighdinn is caoimhneile gràdh.
'S 'n uair ghabh mi mo chead di air feasgar Di-màirt
Gu 'n deach mi 'n tigh-òsda a dh-òl a deoch-slàint'.

'S e so an treas turas dhomh féin a bhi falbh,
A dh' ionnsaidh na luinge le sgiobair gun chearb,
Le còmhlan math ghillean nach tilleadh roimh stoirm;
'S na 'm biodh agam botal gu 'n cosdinn sud oirbh!

Ged théid mi gu danns', cha bhi sannt agam dha,
Cha 'n fhaic mi té ann a ni samhladh do m' ghràdh;
'N uair dhìreas mi 'n gleann, bidh mi sealltainn an àird,
Ri dùthaich nan beann, 's a bheil m' annsachd a' [tàmh.

Bheir i bàrr air na ceudan an té 'tha mi 'sealg,
I'n gnùis mar an reul a bheir leus fad' air falbh,
Mar ròs air a' mheangan, tha 'n ainnir 'n a dealbh,
'S ged sgàineadh mo chridhe, cha 'n innis mi 'h-ainm.

Far over the ocean between us that lies,
O, bear ye my greetings to her that I prize;
Her neatly-arch'd eye-brows, unshaded with gloom,
And breath in its fragrance like roses in bloom.

When lately we parted, how sad the farewell,
Our words were but few, but our thoughts who can tell?
When lost to my vision, afar on the brine,
I drank thee success in a goblet of wine.

Three times have I cross'd to the ship, as she lay
Becalmed on the breast of the silvery bay;
My crew are the bravest that handle an oar,
Unawed by the tempest they laugh at its roar.

No ball-room can tempt me or raise my despair;
There is none in the dance that with thee could compare;
When climbing the mountains I gaze o'er the tide,
To the land where my fair one has gone to reside.

In beauty there's none with this maiden can vie;
She's bright as the stars in the blue-vaulted sky;
She's fair as the lily and sweet as the rose,
And nothing can tempt me her name to disclose.

Gaelic words by the late Dr. MAC LACHLAN, Rahoy. Translation by HENRY WHYTE, Glasgow.

5.—MO RUN GEAL, DILEAS—MY FAITHFUL FAIR ONE.

KEY D.—*Moderato, with expression.*



.d :m .s | d' :r'.d':t .l | s :m .d :m .s | d' :r'.d':t .s | l :-.
SEISD. Mo rùn geal, dìl - eas, dìleas, dìl - eas, Mo rùn geal, dìl - eas, nach till thu nall?
CHOR. My faithful fair one, my own, my rare one, Return my fair one, O, hear my cry!



.t :d'.f | m :s .m :r .d | r :m .s :d'.,l | s :m .d :r .,r | d :-.
Cha till mi féin riut, a ghaoil cha'n fhaod mi; Ochòin a ghaoil sann tha mise tinn.
For thee, my maiden, I'm sorrow-la - den: Without my fair one I'll pine and die!

Is truagh nach robh mi an riochd na faoilinn
A shnàmhadh aotrom air bhàrr nan tonn;
'Us bheirinn sgrìobag do 'n eilean Ileach,
Far bheil an rìbhinn dh' fhàg m' inntinn trom.

Is truagh nach robh mi 's mo rogha céile,
Air mullach shléibhte nam beanntan mòr,
'S gun bhi ga 'r n-éisdeachd ach eòin na speura,
'S gu'n tugainn fhéin di na ceudan pòg!

Thug mi còrr agus naoi miosan,
Anns na h-Innsean a b' fhaide thall;
'S bean bòidh'chead d' aodainn cha robh ri fhaotainn
'S ged gheobhainn saoghal cha'n fhanainn ann.

Thug mi mios ann am fiabhrus claoidhte,
Gun dùil rium oidhche gu'm bithinn beò;
B'e fàth mo smaointean a là 's a dh-oidhche,
Gu 'm faighinn faochadh 'us tu bhi 'm chòir.

Cha bhi mi 'strìth ris a' chraoibh nach lùb leam,
Ged chinneadh ùbhlan air bhàrr gach géig;
Mo shoraidh slàn leat ma rinn thu m' fhàgail,
Cha 'd thainig tràigh gun mhair-làn 'n a déigh.

O could I be love in form of sea-gull,
That sails so freely upon the sea,
I'd visit Islay, for there abiding
Is that sweet kind one I pine to see.

O could we wander where streams meander,
I'd ask no grandeur from foreign clime;
Where birds would cheer us and none would hear us,
I'd kiss my dear one and call her mine.

In foreign regions I lived a season,
And none could see there with thee to vie;
Thy form so slender, thy words so tender,
I will remember until I die.

In fevered anguish, when left to languish,
No human language my thoughts could tell,
I thought, my dearie, if thou wert near me
To soothe and cheer me, I'd soon be well.

I wont contend with a tree that bends not,
Though on its tendrils rich fruit should grow;
If thou forsake me I wont upbraid thee,—
The greatest ebb tide brings fullest flow.

Gaelic words by MAC LEAN, Torlosk, Mull. Translation by HENRY WHYTE, Glasgow

6.—MO BHEANNACHD ORT, A MHAIRI—MY BLESSINGS ON THEE, MARY

KEY E♭.—*Moderato.*





C 'arson, a bhàrda 's suain duibh?
Ciod air 'tha chlàr a' bruadar?
'S a liuthad mais' 'us buaidh 'tha
Gun ghuth orr', fuaight' ri m' leannan-sa.

Mar ghrian-ghath air uchd fairge,
Mar eal' air broilleach balbh-shruth,
Mar lilidh bheag nan tolman
Tha gilead dealbh na cailin ud.

Ged tha 'falt buidhe 'seòladh
M' a slinncin sneachd, mar òr-neul
Air gnùis grian-fheasgair òg-mhios,
Gur fada spòrs o'n ainnir ghrinn.

'S ged tha na mìlte 'g aoradh dhi,
Cha toir gin uam fhéin i;—
Bidh bàrr aig aingle 'n naomhachd,
Ach bai lhnidh 'n ceutachd Mali orr

Why doth each minstrel slumber?
What can each harp encumber?
When of the sweetest numbers
Sae worthy is my Mary, O!

Like sunbeam on the ocean,
Like swan on Shira's bosom,
Like April's brightest blossom,
Sae bright is sure my Mary, O!

Wi' wavin' locks sae gowan
Her snowy neck surroundin',
There's naething vain or proud in
The heart o' smiling Mary, O!

Wi' thousands to adore her
She loves me only surer;—
An angel may be purer,
But not mair sweet than Mary, O!

Celtic words and translation by EVAN MAC COLL, the Lochfine Bard

The air is usually called "*Nighean donn an t-sùgraidh.*"

7.—MOLADH NA LANDAIDH—THE PRAISE OF ISLAY.

KEY D.—*Moderato, with expression.*



m .,r :d .,d | m .,f :s | s .,m' :r' .,t | d' .,l :s
Chì mi thall ud | an Aird-mhór, | Aite 'choilich | dhuibh 's a' gheòidh;
See a - far yon hill Ard-more, Beating billows wash its shore;



m .,f :s .,s | l .,t :d' .,t | l .,s :d' .,m | r :d
Ait' mo chridhe | 'us mo ghaoil 'S an | robh mi aotrom, | ain - meil.
But its beauties bloom no more For me, now far from Is - lay.

SEISD.—Hó ro Eileinich, ho gù
Hó, i rithill, hó i thù
Hó ro Eileinich, ho gù
Gu bheil mo rùn 's an Landaidh.

Ged 'tha 'n Landaidh creagach, ciar,
'S moch a dh'éireas oirre 'ghrian;
Innis nam bà-laoigh 's nam fiadh,
'S gu 'm b'e mo mhiann 'bhi thall ann.

'S 'n uair a dh' éirinn moch 's an àird
Bheirinn sgriob do cheann an t-sàil'—
Bhiodh na lachan air an t-snàmh,
'S cha b'fhada 'm bàs o m' laimh-sa.

'S tric a leag mi air a' bhruaich
Earba ghlas a' mhuineil ruaidh;
Bhiodh an liath-chearc leam a nuas
'Us coileach ruadh an dranndain.

O! mo ghaol air Ile 'n fheòir,
Far an d' fhuair mi m' àrach òg;
Far am bheil na h-uaislean còir,
Bu toil leò ceòl 'us dannsadh!

CHORUS.—O, my Island! O, my Isle!
O, my dear, my native soil!
Nought from thee my heart can wile
That's wed with love to Islay.

Though its shore is rocky, drear,
Early doth the sun appear
On leafy brake and fallow deer,
And flocks and herds in Islay.

Eagles rise on soaring wing,
Herons watch the gushing spring;
Heath-cocks, with their whirring, bring
Their own delight to Islay.

Birken branches there are gay,
Hawthorns wave their silvered spray;
Every bough the breezes sway,
Awakens joy in Islay.

Mavis sings on hazy bough,
Linnets haunt the glen below;
O, may long their wild notes flow
With melodies in Islay.

Gaelic words old. English words by the late THOMAS PATTISON, author of "GAELIC BARDS."

8.—THA MO RUN AIR A' GHILLE—I DEARLY LO'E THE LADDIE.

KEY G. *With feeling, beating twice in the measure.*





Oidhche shamhraidh dhomh 's mi'm òinar,
Na'm b' urrainn domh gu'n deanainn òran,
'S truagh a rìgh nach robh mi pòsd'
Air òigear a' chùil dualaich!

O, gur e mo cheist an t-òigear,
Fear chùil duinn 's an leadain bhòidhich;
'S mi gu'n siùbhladh leat thar m' eòlais,
Ged 'tha 'n còta ruadh ort.

Ged 'tha blàth na bric' ad aodann,
Cha do lughdaich sud mo ghaol ort;
'S mi gu'n siùbhladh leat an saogh'l,
Na'n saoilinn do bhuanachd.

Tha an Nolluig 'tigh'n as ùr oirnn'
Ged a tha gur beag mo shùrd rith';
'M fear nach fagadh anns a' chùil mi,
Air chùl nan tonn uaine!

'S beag a shaoil mi fhéin an uiridh,
Gu'n tréigeadh tu mi cho buileach;
Mar gu'n tilgeadh craobh a duilleach,
Dh' fhàs thu umam suarach.

All alone, I'm sad and weary,
Night and day my thoughts are eerie,
O, the hours are long and dreary!
While for thee I languish.

Would'st thou know my heart's devotion?
Fearless, I could cross the ocean,
Though 'twere tossed in wild commotion,
If my love were near me.

From love's dream, how sad the waking,
Why art thou me now forsaking?
O, return, my heart is breaking
With the love I bear thee!

Health and strength are quickly failing,
Broken-hearted, I am wailing,
But my love afar is sailing,
And he does not hear me.

Oft indeed I proved thee clearly,
That I loved thee most sincerely,
But as trees their leaves cast yearly,
Thou hast me forsaken.

This song will be found complete in the "ORANAICHE." Owing to certain irregularities in the rhythm, the notes marked * will require to be lengthened when singing the verses.

9.—GUR MOCH RINN MI DUSGADH—I EARLY AWOKE.

KEY E♭.—*Slowly, with expression.*



A' dìreadh an aonaich ri aodan a' chùirn,
'S binn torman a' chaochain a's aoidheala bùrn,
Le'ròis air gach taobh dheth ag aomadh fo 'n drùchd,
'S e ri deàrrsadh na gréine ag éiridh 'n a smùid.

'S binn na h-eòin feadh nam preasan gu leadarra
Tha 'n uiseag làn sòlais ri ceòl os mo chionn; ['seinn;
Na ba laoigh anns a' gheumnaich air an réithlein ud thall,
'S mac-talla nan creagan 'g am freagairt air ball.

'S àluinn trusgan a' ghlinne suas gu binnein nan stùchd; [mar thùis;
'S cùbhraidh boltrach nan luibhean 'n am chuinneiu
Ged 's bòidheach gach doire anns a' choilliidh 's a' bhrùchd,
Ged tha 'm barrach cho ùrail cha dùisg e mo shunnd.

'An so air faobhar a' mhullaich gur muladach mi,—
Ceann-aobhair mo thuiridh leam gur duilich r' a'inns';
Nach dìrich mi tuilleadh ri munadh 's an tìr—
Nach dean mi cùis-ghàire 'n gleann àillidh mo chrìdh'.

Cha'n 'eil gleannan cho aoidheil ri 'fhaotainn mu-n cuairt,
Le d' bheanntan'nean àrda 'cuir sgàth ort o'n Tuath;
Ann an dùdlachd a' gheamhraidh gun ghreann ort, gun fhuachd; [luath.
Mo sgaradh 's mo chràdh-lot a bhi d'fhàgail cho

Ach 's tiom dhomh bhi 'g éiridh, 's bhi téurnadh o'n àird; [éigheach dhomh stàth;
Cha dean luinneagan feum dhomh, cha dean
Feuch am bàta fo 'còmhdach aig còmhnard na tràigh,
Tha gu m' ghiùlan null thairis á gleannan an àigh.

Bheir mi sùil thar a' bhealaich air na heanntan mu-n cuairt; [bruach;
So an sealadh mu dheireadh air gach gleannan 'us
A' fagail leibh beannachd, 'n àm dealachadh uaibh,
A' téurnadh an aonaich 's iad mo smaointean tha t.uagh.

As I climb up the moor on the face of the hill,
How pleasant the murmur that comes from the rill;
The dew on the roses which border the stream,
Arises in mist on the sun's morning beam.

O sweet is the song of the birds from the glade,
The thrush sings her carol of joy o'erhead,
The cattle are lowing on yonder green plain,
And echo replies from the craggan again.

How lovely the garment of mountain and field!
How sweet is the fragrance the meadow flowers yield!—
Though beauty and gladness deck forest and lea,
And the groves team with joy, there is no joy for me.

Alone and sad-hearted I sit on the peak,
Of the cause of my sorrow I scarcely can speak—
I never may tread on the moorlands again,
Nor roam with delight on my dearly loved glen.

No valley so cheerful and fair could be found,
So cheerfully guarded by mountains around;
In winter no tempest can enter thy dell—
My sorrowful doom is to bid thee farewell.

But it's time to descend from the mountain again,
No singing or sighing can banish my pain;
See, down by the shore is the boat under sail,
Which shall bear me away from the beautiful vale.

I'll gaze from this ridge on the mountains, and view
For the last time each corrie and valley I knew;
I leave you my blessing since I must depart,
I turn down the mountain, and sad is my heart.

Gaelic words by the late Dr. MAC LACHLAN, Rahoy. Translation by L. MAC BEAN.

10.—GUN CHRODH GUN AIGHEAN—THE TOCHERLESS LASS.

KEY F.—*Beating twice in the measure.*



SEISD. | d :-.d | r :m | d' :-.t | l :s | s :-.s | m :d | m .r :d | l, :s,
CHOR. Ged 'tha mi gun | chrodh gun aighean, | Gun chrodh laoigh gun | chaoraich agam;
Though I've neither | sheep nor cattle, | Gear nor grandeur, | goods nor chattels;



| d :-.d | d :d | r :m | s :s | l :d' | s :m | r :-.d | d :— ||
Ged 'tha mi gun | chrodh gun aighean, | Gheibh mi fhathast | òigear grinn.
Though I've neither | sheep nor cattle, | Yet a gallant | true I'll find.

Fhir a dh' imicheas thar chuantan,
Giùlain mìle beannachd uamsa
Dh' ionnsaidh òigeir a' chuil dualaich,
Ged nach d'fhuair mi e dhomh fhéin.

Fhir a dh' imicheas am bealach,
Giùlain uamsa mìle beannachd;
'S fhaod 's tu ìnnseadh do mo leannan,
Mi bhi 'm laidhe so leam fhéin.

'Fhleasgaich thàinig nall a Suaineart,
Bu tu fhéin an sàr dhuin'-uasal;
Gheibhinn cadal leat gun chluasaig
Air cho fuar 's g'am biodh an oidhch'.

Ged tha mi gun chrodh gun chaoraich,
Cha 'n 'eil mi gun mhaise 'm aodann;
Dh'fhithinn breacan a bhiodh caol dhuit,
'S dheanainn aodach a bhiodh grinn.

Nàile! 's mise 'tha fo mhulad,
'Us mi tàmh 's an t-seòmar mhullaich;
An leannan bh'agamsa an uiridh,
Sann tha 'n diugh rium cùl a chinn.

Nàile! 's mis' tha dubhach, déurach,
'N seòmar àrd a fuaghal léine;
Chaidh mo leannan do *Jamaica.*
'S ciod am féum dhomh 'bhi 'g a chaoidh.

Thou that sail'st across the billow,
Tell my youth, with voice so mellow,
That I'd sleep without a pillow
Were he only by my side.

Tell him of my heart's devotion,
Which is not a brief emotion;
But a love as deep as ocean,
Which is wholly fixed on him.

You may tell my Highland laddie,
Though I'm not a titled lady,
That I'll weave a tartan plaidie
For the lad whose bride I'll be.

When I hear the tempest blowing,
Then the bitter tear comes flowing;
For my heart with love is glowing
For my own love on the sea.

Sleep and slumber I am scorning,
All in silence deeply mourning;
From the twilight till the morning
Is this bosom torn with pain.

Suaineart youth, thou wert the treasure
Which I loved beyond all measure:
O, return! I'll find no pleasure
While thou art so far from me.

Authoress unknown. English words by "FIONN."

*To suit the accent, the notes marked * require to be lengthened when singing some of the verses.*

11.—FEAR A' BHÀTA—THE BOATMAN.

KEY A.—*Slowly, with feeling.*



'S tric mi sealltuinn o'n chnoc a's àirde,
Dh'fheuch am faic mi fear a' bhàta;
An tig thu 'n diugh, na 'n tig thu màireach
'S mar tig thu idir, gur truagh a tà mi.

Tha mo chrìdh'-sa briste, brùite;
'S tric na deòir a' ruidh o m' shùilean;
An tig thu nochd, na 'm bi mo dhùil riut,
Na 'n dùin mi 'n dorus, le osna thùrsaich?

'S tric mi foighneachd do luchd nam bàta,
Am fac iad thu, na 'm bheil thu sàbhailt;
Ach 's ann a tha gach aon diubh 'g ràitinn,
Gur gòrach mise ma thug mi gràdh dhuit.

Gheall mo leannan domh gùn do 'n t-sìoda,
Gheall e sud agus breacan riomhach;
Fainu' òir anns am faicinn 'iomhaigh;
Ach 's eagal leam gun dean e dìchuimhn'.

Ged a thu'irt iad gun robh thu aotrom,
Cha do lughdaich sud mo ghaol ort;
Bidh tu m' aisling anns an oidhche,
'Us anns a' mhadainn bidh mi 'gad' fheighneachd.

Thug mi gaol dhut, 's cha'n fhaod mi àicheadh;
Cha ghaol bliadhna, 'a cha ghaol ràidhe;
Ach gaol a thòisich 'n uair bha mi m' phàisdein,
'S nach searg a chaoidh, gus an claoidh am bàs mi.

Tha mo chàirdean gu tric ag innseadh,
Gum feum mi d'aogas a leig' air dìchuimhn';
Ach tha 'n comhairle dhomh cho diamhain;
'S bhi tilleadh mara 's i tabhairt lionaidh.

Bi'dh mi tuille tùrsach, déurach,
Mar eala bhàn 's i an déighs a réubadh;
Guileag bhàs aic' air lochan féurach,
'Us cach gu léir an déis a tréigeadh.

I climb the mountain and scan the ocean,
For thee, my boatman, with fond devotion:
When shall I see thee? to-day? to-morrow?
Oh! do not leave me in lonely sorrow.

Broken-hearted, I droop and languish,
And frequent tears show my bosom's anguish:
Shall I expect thee to-night to cheer me?
Or close the door, sighing, sad and weary?

From passing boatmen I'd fain discover
If they have heard of or seen my lover;
They never tell me—I'm only chided,
And told my heart has been sore misguided.

My lover promised to bring his lady
A silken gown and a tartan plaidie,
A ring of gold which would show his semblance;
But, ah! I fear me for his remembrance.

That thou'rt a rover my friends have told me,
But not the less to my heart I hold thee;
And every night in my dream I see thee,
And still at dawn will the vision flee me.

I may not hide it—my heart's devotion
Is not a season's brief emotion;
Thy love in childhood began to seize me,
And ne'er shall fade until death release me.

My friends oft tell me that I must sever
All thoughts of thee from my heart for ever;
Their words are idle—my passions, swelling,
Untamed as ocean, can brook no quelling.

My heart is weary with ceaseless wailing,
Like wounded swan when her strength is failing;
Her notes of anguish the lake awaken,
By all her comrades at last forsaken.

Authoress unknown. Translation by L. MACBEAN.

12.—AN RIBHINN DONN—THE AUBURN MAID.

KEY D.—*Lively.*



.r | r .,m :s .,m | r .,d :d .,d | s .,s :d' .,t | l :l .,
O,'s rùnach leam an rìbhinn donn, 'S a' ghleam taobh thall nam fuar-bheann,
I dearly love my auburn maid, That dwells behind the mountain;



,d' | r' .,s :s .,m | s .,s :l .,s | f .,r :d .,d | r :r .
'San fheasgar chiùin théid mi le m' rùn Gu doire dlùth nam fuaran.
At eve I'll meet her in the glade, To roam by dell and fountain.

Mo sheang-choin-seilg tha 'n garbhlach fhiadh,
'S mo chridhe cian tha 'n còmhnuidh
'S a' ghleann 's an éisd mo Mhàiri ghrinn
Ri ceilear binn na smeòraich.

Tha eòin an t-sléibh air sgéith mu 'n cuairt,
'S cha dùisg iad fuaim mo làmhaich,
'Us mis' am pràmh 'an sgàth nam bruach.
'S mo smaoin mu 'n ghruagaich ghràdhaich.

'S i 's aotruim' ceum 's a's deàrsaich' sùil,
'S a gàir' tha ciùin 'us caoimhneil,
'S a guth tha dhòmhs' mar shòlas ciùil
'S mi 'falbh nan stùchd 's an oidhche.

'S e 'caoin-fhalt fainneach 's àillidh sgèimh,
'S a bràighe 's gle-gheal, bòidhche,
Fo osna 'cléibh ag éiridh sèimh,
Mar fhaoilinn bhàin air Lòchaidh.

A cridhe caomhail 's aotrom sunnd,
Mar mhang aig sùrd an réidhlean;
Ach caomh 'us tlàth mar bhlàth fo dhriùchd,
'Am maise chiùin a' Chéitein.

Mo rìbhinn ghràidh a's àillidh sgiamh
'S tu 's araidh beus 's a's bòidhche,
'S a' mhaise dh' fhàs air gràdh nan ceud
Cha tréig thu 'n Inbhear-Lòchaidh.

Ged gheibhinn lu-chuirt, 's crùn an Rìgh,
A d'-iùnnais dhiobrainn còir orr':
'S mo bhean 's mo bhàn-righ bheirinn i
Gu tuine 'n tìr nam mòr-bheann.

Though here, with hounds, I chase the deer,
Where streamlets bright meander,
To yonder glen, where dwells my dear,
My thoughts will ever wander.

The birds that round about me fly,
Pour forth their notes of gladness;
While here alone I sit and sigh
In sorrow and in sadness.

Her step is light, her eye is bright,
Her smile is sweet and tender;
Her voice, like music in the night,
Oft cheers me to remember.

Her hair around her shoulders flows
With graceful waving motion;
Her snow-white bosom heaving goes,
Like sea-gull on the ocean.

Her heart, though light, is ever true,
Of Nature's own adorning;
Her lips like roses, wet with dew,
Upon a Summer morning.

By all thy beauty is confessed,
In form thou'rt like a fairy,
Were I of all the world possessed,
I would not leave my Mary.

Though I a palace did receive,
And were with riches laden—
I'd have thee for my queen, believe,
My own sweet Auburn Maiden.

Gaelic words by Mr A. MACINTYRE. Translation by "FIONN."

13.—TUIREADH—LAMENT.

KEY F.—*Slowly, with much feeling.*



Tha do leaba lom, fuaraidh;
'S trom do chodal, 's ro bhuan e;
Chaoidh cha'n éisd thu ri m' luaidh-se,
'S cha ghluais thu ri m' cheòl.

Bha do ghluasad gun eucoir,
Gun uireasbhuidh céille;
Leam bu taitneach 'bhi 'g éisdeachd
Ri séisde do bheòil.

Tha do bheul a nis dùinte;
Cha'n 'eil léirsinn 'na d' shùilibh,—
'S fuar an cridhe 'bha mùirneach,
Anns an ùir, 's e gun deò.

Mar bhuanaich am bàs thu
Seach na dillsean 'tha làthair,
Cinnidh feanntag 's a' ghàradh
'N uair thig fàilinn 's an ròs.

Chuir thu mise gu smaointinn,
Nach innis mi 'dhaoine;
'S mairg 'chuir ùigh anns an t-saoghal,—
'S iomadh caochladh 'teachd oirnn.

Ged tha càirdean gu deurach,
'S faoin an cumha leam féin e;
'Théid gu cuirm 'us cùirt éibhneis
'Giùlan éididh a' bhròin.

Ged tha m' éideadh gun mhùthadh,
'S mi gun deur air mo shùilibh,
Gus an cuir iad 's an ùir mi
Bidh mi 'd ionndrainn ri m' bheò;

Chionn bu toil leam an nìonag,
